

# N5

Nàiseanta 5  
Obair-Cùrsa  
Gnìomh Measadh



## Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd (ECMF)

### Nàiseanta 5 Obair Shònraichte Gnìomh Measaidh

Dligheach bhon t-seisean 2025-26 agus gus am faighear fios air a chaochladh.

An deasachadh seo: An t-Sultain 2025 (dreach 3.0)

Faodar am fiosrachadh san sgrìobhainn seo ath-fhoillseachadh mar thaic do theisteanasan an SQA. Chan fhaodar an sgrìobhainn seo ath-fhoillseachadh airson adhbharan coimeirsealta no malairt. Tha na stuthan seo airson an cleachdadh le tidsearan is òraidichean.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2026

# Clàr-innse

Ro-ràdh	1
Stiùireadh do thidsearan is òraidichean	2
Stiùireadh comharrachaidh	3
Stiùireadh do dh'oileanaich	10

# Ro-ràdh

San sgrìobhainn seo gheibhear stiùireadh do thidsearan is òraidichean, stiùireadh comharrachaidh agus stiùireadh do dh'oileanaich airson na h-obrach sònraichte airson Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd (Nàiseanta 5).

Tha 20 comharra ann airson na h-obrach sònraichte seo. Tha na comharran sin mar 20% de na comharran iomlan airson measaidhean a' chùrsa air fad.

Gheibhear dà cho-phàirt an lùib measadh a' chùrsa, seo aonan dhiubh. 'S e pàipear cheistean a th' anns a' cho-phàirt eile.

# Stiùireadh do thidsearan is òraidichean

## Goireasan a dh'fhaodas oileanaich a thoirt leotha airson a' mheasaidh

Nuair a tha oileanaich a' cruthachadh fianais mar an ceum mu dheireadh dhen obair, 's e an aon ghoireas a bu chòir a bhith aca, an duilleag ghoireasan ECMF aca. 'S e as adhbhar dhan duilleig ghoireasan airson ECMF oileanaich a chuideachadh le bhith a' cleachdadh na fianaise is iomraidhean air na stòran aca, a chaidh a chruinneachadh aig an ìre rannsachaidh, gus coimhead air a' chùis aca.

Bu chòir do dh'oileanaich aon taobh de dhuilleig A4 a chleachdadh mar dhuilleig ghoireasan agus chan fhaod iad barrachd na 200 facal a sgrìobhadh.

Chan fhaighear comharran sam bith airson a bhith a' gabhail sìos pìosan nas fhaide de theacsa/sgrìobhadh bhon duilleig ghoireasan sa mheasadh.

Mura toir oileanach duilleag ghoireasan seachad, bidh iad air am peanasachadh le bhith a' call 4 dhen 20 comharra.

Feumaidh tagraichean a' chùis a tha iad a' dèiligeadh ris a shònrachadh. Cha tèid comharran sam bith a bhuileachadh mura tèid a' chùis ainmeachadh.

# Stiùireadh comharrachaidh

Mar a tha na chleachdadh àbhaisteach aig SQA, thathar a' bruidhinn ris an neach-chomharrachaidh san stiùireadh chomharrachaidh a leanas. Bidh e cuideachd feumail do dhaoine a tha a' cuideachadh oileanaich le bhith ag ullachadh airson measaidhean a' chùrsa.

Bheirear fianais nan oileanach dhan SQA airson a comharrachadh le daoine bhon taobh a-muigh.

## Prionnsapalan comharrachaidh coitcheann

Tha am fiosrachadh seo ann gus ur cuideachadh le bhith a' tuigsinn nam prionnsapalan coitcheann ris am feum sibh cumail nuair a tha sibh a' comharrachadh freagairtean nan oileanach airson na h-obrach sònraichte seo. Feumaidh sibh an stiùireadh comharrachaidh mionaideach - a tha a' comharrachadh nam prìomh nithean a bu chòir a bhith ann am freagairtean nan oileanach - a leughadh còmhla ris na prionnsapalan seo.

- a Feumaidh sibh daonnan comharran a thoirt seachad airson freagairtean nan oileanach a rèir nam prionnsapalan comharrachaidh coitcheann seo agus a rèir an stiùiridh chomharrachaidh mhionaidich airson na h-obrach sònraichte seo.
- b Bu chòir dhuibh daonnan a bhith a' beachdachadh air soirbheachas leis a' chomharrachadh. Tha sin a' ciallachadh, airson freagairt gach oileanaich, gu bheil a' cosnadh comharran airson a bhith a' toirt fianais seachad air sgilean, eòlas is tuigse bhuntainneach: cha bhithear a' toirt comharran air falbh bhon chomharra iomlan airson mhearachdan is uireasbhaidhean.
- c Ma tha coltas ann nach eil na prionnsapalan no an stiùireadh comharrachaidh mionaideach gur cuideachadh le bhith a' measadh freagairt a thug oileanach seachad, no ma tha an t-oileanach air rannsachadh a dhèanamh air raon anns nach urrainn dhuibh measadh a dhèanamh air an eòlas a thug iad seachad, agus mura h-eil sibh cinnteach ciamar a nì sibh measadh air, feumaidh sibh stiùireadh iarraidh bho stiùiriche an sgioba agaibh.
- d Cha bhithear a' comharrachadh na duilleig ghoireasan. Ge-tà, faodaidh luchd-comharrachaidh coimhead air an duilleig gus soilleireachadh fhaighinn air puingean a rinn an t-oileanach nuair a chuir iad an cuid fianaise an cèill, agus gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na bha an t-oileanach a' ciallachadh.

## Stiùireadh comharrachaidh mionaideach

Nuair a bheir oileanaich na toraidhean is co-dhùnidhean aca seachad, bu chòir dhaibh:

- ◆ beachd a thoirt seachad air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i
- ◆ fiosrachadh bho dhiofar stòran a chleachdadh, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail
- ◆ eòlas is tuigse a chleachdadh
- ◆ mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh air taobhan dhen chùis
- ◆ co-dhùnadh a chur an cèill mun chùis
- ◆ adhbharan a thoirt seachad mar thaic dhan cho-dhùnadh aca

**A. Thoir beachd air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i 4 comharran**

Bu chòir do dh'oileanaich beachd a thoirt seachad air a' bhuidh a th' aig cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail no air cho cudromach 's a tha i

**B. Cleachd fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail 10 comharran air feadh B, C is D**

**C. Cleachd eòlas is tuigse**

**D. Dèan mìneachadh is mion-sgrùdadh air taobhan dhen chùis**

Bu chòir do dh'oileanaich sealltainn gu soilleir gu bheil iad air fiosrachadh bho stòran a chleachdadh gus mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh air a' chùis, agus iad a' gabhail ealla ri co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail mar phàirt dheth sin.

**E. Cuir co-dhùnadh an cèill mun chùis**

**F. Thoir adhbharan seachad mar thaic dhan cho-dhùnadh 6 comharran airson E is F còmhla**

Bu chòir do dh'oileanaich co-dhùnadh a chur an cèill le adhbharan freagarrach mar thaic dha. Faodaidh iad an co-dhùnadh a thoirt seachad ann an àite sam bith sa phìos sgrìobhaidh aca, mar eisimpleir, nuair a bheir iad fianais seachad an lùib na h-aithisg aca no aig an deireadh.

Nuair a tha sibh a' cur nam prionnsapalan comharrachaidh an sàs, bu chòir dhuibh ealla a ghabhail ris an stiùireadh chomharrachaidh mhionaideach seo.

A. Thoir beachd air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i							
4	Thugadh mìneachadh math air a' bhuidh a th' aig cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail agus/no air cho cudromach 's a tha i.	2-3	Thugadh beachd freagarrach is leudaichte seachad air a' bhuidh a th' aig cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail no air cho cudromach 's a tha i.	1	Thugadh beachd seachad air a' bhuidh a th' aig cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail no air cho cudromach 's a tha i, ach cha deach leudachadh air a' bheachd.	0	Cha tugadh beachd seachad air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i.

B. Cleachd fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail							
C. Cleachd eòlas is tuigse							
D. Dèan mìneachadh is mion-sgrùdadh air taobhan dhen chùis							
7-10	<p>Tha fianais ann gu bheil an t-oileanach air diofar stòran fiosrachaidh a roghnachadh.</p> <p>Tha na stòran buntainneach agus freagarrach a thaobh na cùise creideimh, moralta no feallsanachdail air a bheil an t-oileanach a' dèanamh sgrùdadh (me, neo-mhearachdach, dùbhlach gu leòr, agus air an cleachdadh gus aithisg chothromach a sgrìobhadh).</p> <p>Chaidh fiosrachadh bho na stòran seo a chleachdadh ann an dòigh sgìleil.</p> <p>Tha am fiosrachadh a chaidh a chur an cèill</p>	4-6	<p>Chaidh diofar stòran fiosrachaidh a chleachdadh.</p> <p>Tha na stòran an ìre mhath buntainneach agus freagarrach a thaobh na cùise creideimh, moralta no feallsanachdail air a bheil an t-oileanach a' dèanamh sgrùdadh (me, neo-mhearachdach, dùbhlach gu leòr, agus air an cleachdadh gus aithisg chothromach a sgrìobhadh).</p> <p>Tha am fiosrachadh a chaidh a chur an cèill an ìre mhath buntainneach, neo-mhearachdach, no air a chleachdadh gu sgìleil gus coimhead air cùis chreideimh, mhoralta no feallsanachdail, ach chan eil an-còmhnaidh. Dh'fhaodadh nach bi</p>	1-3	<p>Chaidh taghadh beag de stòran is fiosrachadh a chleachdadh, agus/no chan eil iad sin dùbhlach/buntainneach/freagarrach gu leòr.</p> <p>Tha cuid dhen fhiosrachadh a chaidh a chur an cèill neo-mhearachdach, ach tha an t-oileanach buailteach a bhith ga chleachdadh gus tuairisgeul a dhèanamh air nithean agus/no chan eil iad ga chleachdadh gus coimhead air cùis tha na fìor chùis chreideimh, mhoralta no feallsanachdail.</p> <p>Chan eil mòran fiosrachaidh mhionaidich/leudaichte ann idir. Tha sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail ann, ach chan eil e mionaideach agus/no buntainneach/neo-mhearachdach gu leòr.</p>	0	<p>Chan eil fianais ann gun deach fiosrachadh buntainneach a lorg ann an stòran freagarrach.</p> <p>Cha deach fiosrachadh a chleachdadh gus coimhead air cùis chreideimh, mhoralta no feallsanachdail.</p> <p>Chan eil fiosrachadh mionaideach no leudaichte ann.</p> <p>Chan eil iomradh air sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail.</p> <p>Chan eil mìneachadh no mion-sgrùdadh ann air fear sam bith de phrìomh thaobhan na cùise.</p>

B. Cleachd fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail						
C. Cleachd eòlas is tuigse						
D. Dèan mìneachadh is mion-sgrùdadh air taobhan dhen chùis						
	<p>buntainneach, neo-mhearachdach, agus air a chleachdadh gu sgìleil gus coimhead air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail.</p> <p>Tha am fiosrachadh mionaideach/leudaichte (faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach fiosrachadh fìrinneach mar chùl-fhiosrachadh agus seallaidhean agus argamaidean). Chleachdadh fiosrachadh mionaideach/leudaichte mu aon no grunn sheallaidhean creideimh, moralta no feallsanachdail buntainneach gus coimhead air a' chùis.</p>		<p>farsaingeachd fhreagarrach ann.</p> <p>Tha beagan fiosrachaidh mhionaidich/leudaichte ann, ach 's ann tuairisgeulach a tha an aithisg aig amannan.</p> <p>Chaidh fiosrachadh mu aon no grunn sheallaidhean creideimh, moralta no feallsanachdail a thoirt seachad. Tha e an ìre mhath buntainneach no neo-mhearachdach. 'S dòcha nach eil gu leòr de dh'fhiosrachadh mionaideach ann an àiteachan.</p> <p>Chaidh mìneachadh agus/no mion-sgrùdadh a dhèanamh air cuid de na prìomh thaobhan dhen chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail, ach</p>		<p>Cha deach mòran mìneachaidh is mion-sgrùdaidh a dhèanamh air a' chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail (faodar coimhead air a' chùis fhèin agus air fiosrachadh fìrinneach agus seallaidhean buntainneach mar phàirt dhen mhìneachadh is dhen mhion-sgrùdadh).</p>	

**B. Cleachd fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail**

**C. Cleachd eòlas is tuigse**

**D. Dèan mìneachadh is mion-sgrùdadh air taobhan dhen chùis**

<p>Chaidh mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh gu mionaideach air prìomh thaobhan dhen chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail (faodar coimhead air a' chùis fhèin agus air fiosrachadh fìrinneach agus seallaidhean buntainneach mar phàirt dhen mhìneachadh is dhen mhion-sgrùdadh).</p>	<p>dh'fhaodadh nach eil fiosrachadh mionaideach gu leòr anns na mìneachaidhean uaireannan (faodar coimhead air a' chùis fhèin agus air fiosrachadh fìrinneach agus seallaidhean buntainneach mar phàirt dhen mhìneachadh is dhen mhion-sgrùdadh).</p>		
---	---	--	--

E. Cuir co-dhùnadh an cèill mun chùis							
F. Thoir adhbharan seachad mar thaic dhan cho-dhùnadh							
<b>5-6</b>	Tha co-dhùnadh mionaideach ann, le adhbharan matha mar thaic dha, mun chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail a roghnaich an t-oileanach.  Faodar an co-dhùnadh a thoirt seachad an lùib na h-aithisge agus/no aig deireadh na h-aithisge.	<b>3-4</b>	Tha co-dhùnadh ann, le adhbharan air a shon, mun chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail a roghnaich an t-oileanach, ach dh'fhaodadh nach eil fiosrachadh mionaideach gu leòr ann.  Faodar an co-dhùnadh a thoirt seachad an lùib na h-aithisge agus aig deireadh na h-aithisge.	<b>1-2</b>	Chaidh co-dhùnadh mun chùis a thoirt seachad, ach tha laigsean nach beag ann a thaobh nan adhbharan airson a' cho-dhùnaidh.	<b>0</b>	Chan eil co-dhùnadh ann mun chùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail.

# Stiùireadh do dh'oileanaich

Tha am measadh seo a' buntainn ris an obair shònraichte airson Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd (Nàiseanta 5).

Tha 20 comharra ann airson na h-obrach sònraichte seo. Tha na comharran sin mar 20% de na comharran iomlan airson measaidhean a' chùrsa air fad.

Thathar a' dèanamh measadh air na sgilean agus air an eòlas is tuigse a leanas:

- ◆ a' toirt beachd air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i
- ◆ a' cleachdadh fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail
- ◆ a' cleachdadh eòlas is tuigse
- ◆ a' dèanamh mìneachadh is mion-sgrùdadh air taobhan dhen chùis
- ◆ a' cur co-dhùnadh an cèill mun chùis
- ◆ a' toirt adhbharan seachad mar thaic dhan cho-dhùnadh

Innsidh an tidsear no òraidiche agad dhut mu mar a nithear am measadh agus mu chumhachan is riaghailtean measaidh sam bith a bhios ann.

Tha dà ìre ann leis a' mheasadh seo:

- ◆ rannsachadh
- ◆ a' sgrìobhadh aithisg mu thoraidhean an rannsachaidh agad (fo stiùireadh agus taobh a-staigh uair a thìde)

Airson measadh na h-obrach sònraichte seo, bidh aithisg air an rannsachadh is na toraidhean rannsachaidh agad a dhìth. Feumaidh tu sin a sgrìobhadh taobh a-staigh uair a thìde, agus sin a dhèanamh aig àm sònraichte an àite a bhith ag obair air aig diofar amannan.

Sa mheasadh seo, tha agad ri dearbhadh gun urrainn dhut na sgilean, eòlas is tuigse agad a chleachdadh gus rannsachadh a dhèanamh air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail a roghnaicheas tu fhèin. Dh'fhaodadh sin a bhith a' buntainn ri cuspairean mun do dh'ionnsaich thu sa chlas, no faodaidh tu cuspair no cùis fhreagarrach sam bith eile a roghnachadh airson an rannsachaidh agad.

Feumaidh tu a' chùis a tha thu a' dèiligeadh ris a shònrachadh. Cha tèid comharran sam bith a bhuileachadh mura tèid a' chùis ainmeachadh.

Bidh thu a' cleachdadh na fianaise rannsachaidh agad gus an duilleag ghoireasan ECMF a lìonadh, agus faodaidh tu coimhead air an duilleig sin nuair a bhios tu a' sgrìobhadh na h-aithisge agad mu na toraidhean. Feumaidh tu dìreach aon taobh de dhuilleig A4 a chleachdadh airson na duilleig ghoireasan agad, agus chan fhaod thu barrachd na 200 facal a sgrìobhadh oirre.

Feumaidh tu an duilleag ghoireasan agad a chur a-steach còmhla ris an aithisg agad air na toraidhean. Cha bhithear a' comharrachadh na duilleig ghoireasan. Ach mura cuir thu an duilleag ghoireasan a-steach, caillidh tu 4 comharran.

Chan fhaod thu fiosrachadh a thoirt seachad facal air an fhacal bhon duilleig ghoireasan ECMF agad, no an duilleag a chleachdadh gus an aithisg agad a sgrìobhadh ro-làimh. Chan fhaigh thu comharran sam bith airson a bhith a' gabhail sìos pìosan nas fhaide de theacsa/sgrìobhadh bhon duilleig ghoireasan agad sa mheasadh. Ge-tà, faodaidh tu briathran no abairt le neach eile no bho stòr eile a sgrìobhadh sìos, fhad 's a dh'inneas tu cò às a thàinig na briathran sin.

Nì thu na leanas sa mheasadh seo:	Ciamar a nì thu sin
<p>◆ <b>comharraich cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail fhreagarrach</b></p>	<p>Comharraich cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail fhreagarrach. Faodaidh tu cùis chreideimh no mhoralta no fheallsanachdail a roghnachadh, no cùis a tha a' buntainn ri dhà de na raointean seo no riutha uile. Bu chòir, leis a' chùis a roghnaicheas tu, gun urrainn dhut:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ fiosrachadh fìrinneach buntainneach is seallaidhean buntainneach a lorg</li> <li>◆ beachd a thoirt air buaidh na cùise no cho cudromach 's a tha i</li> <li>◆ co-dhùnadh a dhèanamh dhan urrainn dhut taic a thoirt le diofar adhbharan</li> </ul> <p>Bheir an tidsear no òraidiche agad taic dhut le bhith a' toirt beachd seachad air cho freagarrach 's a tha a' chùis a chomharraich thu, agus bheir iad comhairle dhut a thaobh cho buailteach 's a tha e gum faigh thu goireasan is stòran freagarrach.</p>
<p>◆ <b>thoir beachd air buaidh na cùise no air cho cudromach 's a tha i</b></p>	<p>Bu chòir dhut leis na beachdan agad bruidhinn gu h-àraidh air buaidh na cùise creideimh, mhoralta no feallsanachdail mun do rinn thu sgrùdadh, no air cho cudromach 's a tha i.</p>
<p>◆ <b>cleachd fiosrachadh bho dhiofar stòran, a' gabhail a-steach co-dhiù aon sealladh creideimh, mhoralta no feallsanachdail</b></p>	<p>Bidh diofar ìrean an lùib seo:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ a' cruinneachadh fiosrachadh a chuidicheas tu le bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun chùis</li> <li>◆ a' lorg fiosrachadh fìrinneach is fiosrachadh mu sheallaidhean</li> <li>◆ a' gabhail nota de far an d' fhuair thu am fiosrachadh sin</li> </ul> <p><b>A' cruinneachadh fiosrachadh</b>  Bu chòir dhut fianais, a tha a' buntainn ris a' chùis agad, a chruinneachadh bho dhiofar stòran. Seo agad eisimpleirean de stòran a dh'fhaodadh tu a chleachdadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ làraich-lìn/blogaichean</li> <li>◆ pàipearan-naidheachd/irisean (clò-bhuailte no didseatach)</li> <li>◆ leabhraichean</li> <li>◆ teacsaichean creideimh</li> <li>◆ a' tadhal air daoine no àiteachan/daoine a' tadhal ortsa</li> </ul>

Nì thu na leanas sa mheasadh seo:	Ciamar a nì thu sin
	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ telebhisean/bhidio</li> <li>◆ rèidio/pod-chraolaidhean</li> <li>◆ leabhraichean-teacsa</li> <li>◆ agallamhan/ceisteachain</li> <li>◆ nithean sònraichte dèanta le daoine</li> <li>◆ ìomhaigheachd</li> </ul> <p><b>A' cleachdadh stòran</b> Nuair a bhios thu a' toirt fianais seachad bho stòran, bu chòir dhut innse cò às a thàinig am fiosrachadh agad.</p> <p>Bidh e na chuideachadh ma bheir thu iomradh air an stòr a chleachd thu. Faodaidh tu na briathran a thoirt seachad facal air an fhacal no faodaidh tu rudan a ràdh leis na faclan agad fhèin. Mar eisimpleir:</p> <p>Ann an 1 Corintianaich 13, thathar ag ràdh.... No Sa <i>The Blind Watchmaker</i> tha Dawkins a' cumail a-mach.... No Tha Cuibhle Bheatha nam Budach a' sealltainn.... No Air an làrach-lìn BBC Religion and Ethics thathar ag ràdh.... (cha leig thu leas URL slàn a thoirt seachad airson làrach-lìn).</p> <p>Tha cudromach gun smaoinich thu air cho earbsach agus cho freagarrach 's a tha na stòran a chleachdas tu.</p>
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>cleachd eòlas is tuigse gus mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh air taobhan dhen chùis</b></li> </ul>	<p>Cleachd eòlas neo-mhearachdach gus mìneachadh a thoirt air prìomh thaobhan dhen chùis.</p> <p>Nuair a bhios tu a' dèanamh mìneachadh is mion-sgrùdadh air a' chùis, faodaidh tu ceanglaichean a dhèanamh eadar diofar thaobhan dhen chùis no factaran eile a tha mar phàirt dhen chùis, agus faodaidh tu sealltainn gu bheil thu a' tuigsinn mar a tha na diofar fhactaran seo a' toirt buaidh air a chèile, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Bidh daoine a tha a' creidsinn gu bheil sgeulachdan cruthachaidh creideimh a' toirt mìneachadh litireil dhuinn air na thachair a' diùltadh gabhail ri cunntasan saidheansail air tùs na cruinne-cè. Mar thoradh air sin, dh'fhaodadh nach bi iad a' cur</li> </ul>

Nì thu na leanas sa mheasadh seo:	Ciamar a nì thu sin
	<p>earbsa ann an saidheans san fharsaingeachd, agus dh'fhaodadh sin an uair sin buaidh a thoirt air...</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Dh'fhaodadh gun aontaich daoine cràbhach ri daoine aig nach eil creideamh gu bheil an t-uallach a th' aig an daonnachd airson na h-àrainneachd na chùis mhoralta, oir tha iad dhen bheachd...</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ <b>cuir co-dhùnadh an cèill mun chùis agus thoir adhbharan seachad mar thaic dhan cho-dhùnadh</b></li> </ul>	<p>Cuir co-dhùnadh an cèill le adhbharan freagarrach mar thaic dha.</p> <p>Faodaidh tu co-dhùnadh a thoirt seachad aig àm sam bith sa phìos sgrìobhaidh agad, mar eisimpleir nuair a bhios tu a' toirt fianais seachad, no aig an deireadh.</p> <p>Tha e ceadichte co-dhùnadh a dhèanamh far a bheil thu ag ràdh nach eil thu cinnteach, fhad 's a bheir thu taic dhan cho-dhùnadh agad le adhbharan soilleir.</p>

# Fiosrachadh rianachd

---

Foillsichte: An t-Sultain 2025 (dreach 3.0)

---

## Atharraichean a rinneadh

Tionndadh	Atharraichean a rinneadh	Ceann-latha
1.0	<p>Tha an sgrìobhainn seo a' dol an àite an tionndaidh mu dheireadh leis a' cheann-latha Sultain 2016.</p> <p>Chaidh cruth na sgrìobhainne atharrachadh gus am bi e ionann ris a' bhun-sgrìobhainn as ùire agus ris an dòigh-sgrìobhaidh as ùire.</p> <p>Rinneadh atharraichean beaga air an stiùireadh chomharrachaidh.</p> <p>Chaidh atharrachadh a dhèanamh air an àireimh sa cheud a tha mu choinneimh na h-obrach sònraichte mar phàirt dhen chomharra iomlan.</p>	An t-Sultain 2017
1.1	<p>Tha an sgrìobhainn seo a' dol an àite an tionndaidh mu dheireadh leis a' cheann-latha Sultain 2017.</p> <p>Rinneadh atharraichean beaga air an stiùireadh chomharrachaidh.</p>	An t-Samhain 2018
2.0	<p>Chaidh fiosrachadh mun pheanas a gheibhear mura cuirear duilleag ghoireasan a-steach a chur ris na h-earrainnean le 'Stiùireadh do thidsearan is òraidichean' agus le 'Stiùireadh do dh'oileanaich'.</p>	An t-luchar 2019

Tionndadh	Atharraichean a rinneadh	Ceann-latha
3.0	<p>Aon atharrachadh air a dhèanamh air na h-earrannan ‘Stiùireadh do thidsearan agus òraidichean’ agus ‘Stiùireadh do dh’oileanaich’: ‘Feumaidh oileanaich a’ chùis a tha iad a’ dèiligeadh ris a shònrachadh. Cha tèid comharran sam bith a bhuileachadh mura tèid a’ chùis ainmeachadh.’</p> <p><b>Dè na h-atharraichean a dh’fheumas tu a dhèanamh</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>◆ Dèan cinnteach gu bheil oileanaich a’ cur an cèill a’ chùis aca san obair aca. Cha tèid comharran sam bith a bhuileachadh mura tèid seo a chur an cèill.</li> <li>◆ Dèan cinnteach gun cleachd thu an dreach as ùire den ghnìomh measaidh obair-cùrsa seo agus den t-sònrachadh cùrsa leis na h-oileanaich.</li> </ul>	An t-Sultain 2025

## Tèarainteachd is dìomhaireachd

Faodaidh luchd-teagaisg is òraidichean ann an ionadan, a tha ùghdarrachtaichte leis an SQA, an sgrìobhainn seo a chleachdadh airson measadh a dhèanamh air Aonadan Nàiseanta agus chan ann airson adhbhar sam bith eile.

## Còraichean dligheach

Faodar an sgrìobhainn seo, an sgrìobhainn air fad no pàirt dhith, ath-fhoillseachadh air adhbharan measaidh fhad ’s nach dèanar prothaid bho bhith ga h-ath-fhoillseachadh agus, ma thèid pàirt dhith ath-fhoillseachadh, fhad ’s a chomharraichear cò às a thàinig am fiosrachadh. Ma dh’fheumar an sgrìobhainn seo ath-fhoillseachadh airson adhbhar sam bith eile, seach adhbharan measaidh, tha e mar uallach air an ionad cead fhaighinn sin a dhèanamh.

Ma thèid an sgrìobhainn seo ath-chleachdadh airson adhbharan eile gun chead, dh’fhaodadh gum bithear a’ bristeadh nan còraichean dligheach.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2026